

Dualchainntean Gàidhlig

1. Dè th' ann an Dualchainnt?

Aig aon ìre, tha a' cheist seo gu math simplidh. 'S e cainnt a tha dualach dhuinn a tha ann an dualchainnt. Ach dè tha "dualach dhuinn" a' ciallachadh an-diugh? Dè an t-àite a th' aig dualchainntean ann am foghlam? A bheil dualchainnt Ghàidhlig agad fhèin? Am bu chòir dhuinn, no an urrainn dhuinn, dualchainnt a theagasg? Ceistean gu leòr, agus 's dòcha gu bheil ceistean eile agadsa. Am bi na freagairtean eadar-dhealaichte ann an Dùn Èideann agus ann an Dùn Bheagan?

Tha diofaran inntinneach eadar a' Ghàidhlig is a' Bheurla. Mar eisimpleir, bidh proifeiseantaich mar as trice a' cleachdadh *Standard Scottish English*. Chan eil e furasta obrachadh a-mach dè a' phàirt den dùthaich dham buin iad. Agus tha mòran daoine nach cuireadh an aon earbsa ann an tidsear, dotair, neach-lagha no neach-naidheachd telebhisein a bhruidhneadh le blas làidir ionadail. Ach a bheil "*Standard Scottish Gaelic*" aig duine sam bith? Chan eil e a' cur dragh sam bith oirnn gu bheil Gàidhlig Uibhist no Leòdhais no ge bith càite aig craoladair no proifeiseantach eile. Air an làimh eile, tha mòran againn a dh'ionnsaich Gàidhlig gu fileanta, agus tha measgachadh de bhriathrachas agus de chainnt againn seach aon dualchainnt chinnteach.

2. Ciamar a tha sinn a' togail ar dualchainnt?

'S àbhaist dhuinn a bhith a' smaoinichadh air dualchainntean mar rud a tha ceangailte ri àite sònraichte. Ach tha am blas cainnte againn ag innse barrachd mar deidhinn na cò às a tha sinn. Bidh e tric ag innse rudeigin mun inbhe shòisealta againn. 'S dòcha gu bheil e nas fhaisge air an fhìrinn a ràdh gur e an *togail* a fhuair sinn a chruthaich ar dualchainnt. Tha sinn èasgaidh cuideachd, ag atharrachadh ar cainnt a rèir cò ris a tha sinn a' bruidhinn, agus tha seo a' dearbhadh gun urrainn dhuinn barrachd air aon seòrsa cainnte a-mhàin a làimhseachadh agus a thuigsinn. Ach 's dòcha gu bheil an dòigh sa bheil clann bheaga a' togail cainnt ag atharrachadh. Dè na guthan a tha sinn a' cluinntinn nar dachaighean an-diugh? Tha sinn fhathast a' togail ar ciad chànan bhon teaghlach a tha mun cuairt oirnn san dachaigh. Ach dè cho mòr 's a tha buaidh na coimhearsnachd an-diugh? Math dh'fhaodte gu bheil clann a' cluinntinn ghuthan à fada air falbh – anns na meadhanan, air-loidhne, air DVD fiù 's - nas trice na chluinneas iad na nàbaidhean no daoine eile sa choimhearsnachd mun cuairt orra. A thaobh na Gàidhlig, tha mòran, mòran cloinne gan togail far nach eil Gàidhlig sam bith ri cluinntinn taobh a-muigh na dachaigh. Agus tha mòran de na sgoilearan ann an aonadan no sgoiltean Gàidhlig a' tighinn à dachaighean far nach eil duine sam bith fileanta sa chànan.

3. Dualchainntean san sgoil

Bha latha ann nuair a bhiodh sgoiltean a' teagasg Beurla 'cheart' agus a' toirt air sgoilearan sgur a chleachdadh dualchainnt. An-diugh, bidh sgoiltean a' feuchainn ri sgoilearan ullachadh gus an dèan iad conaltradh soilleir, èifeachdach agus nach fhuing iad bacadh – ach gun a bhith a' call misneachd nan cainnt fhèin agus gun a bhith a' call fèin-aithne. Is cinnteach gum bi na h-aon amasan aig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

4. Dè tha a' deanamh diofar eadar dualchainntean?

Tha na diofaran eadar dualchainntean a' tighinn bho rudan mar fhuaimneachadh, briathrachas (na faclan eadar-dhealaichte), gràmar agus uaireannan structar nan rosgrann.

'S dòcha gur e na diofaran ann am **fuaimneachadh** as cudromaiche, agus tha seo ag obair ann an dòigh gu math rianail. Tha eisimpleirean sa chlàr a leanas:

Faclan	Fuaimneachadh 1	Fuaimneachadh 2
each, seachdain, leabaidh	le 'e' (m.e. Uibhist a Tuath)	le 'a' (m.e. Nis)
roimhe, coimhead	coltach ri 'hey!' (m.e. Uibhist a Tuath)	coltach ri 'ahoy!' (m.e. pàirt de Uibhist a Deas)
riutha, leotha		le 'ch' sa mheadhan (Earra-Ghàidheal)
mac, sloc, thuca	le 'ch+k'	le 'h+k'


(Na Hearadh, Barraigh,
An t-Eilean Sgitheanach)

(Leòdhas)

Bidh dualchainntean tric a' cleachdadh faclan eadar-dhealaichte.

Mar eisimpleir, ann an Uibhist, 's e *gruag* a tha a' fàs gu nàdarra air do cheann. Ach ann an Leòdhas, tha *gruag* a' ciallachadh falt *fuadain*.

A Mhàiri, is toil
leam do ghruag!



A Mhàiri, is caomh
leam d' fhalt!



O, tapadh leat!

Ann an Gàidhlig chan eil mòran diofaran anns a' ghràmar idir. Ach 's dòcha gun can Leòdhasach "Feumaidh mi ceannach bhrògan". Tha seo cumanta agus àbhaisteach ann an Leòdhas ged a bhiodh coltas neònach air do dhaoine le dualchainntean eile a chanadh "Feumaidh mi brògan a cheannach".

A bheil dualchainnt sam bith nas fheàrr na dualchainnt eile? Chan eil. Mar eisimpleir, tha na riaghailtean airson Gàidhlig a litreachadh (Gaelic Orthographic Conventions no GOC) ag ràdh gu bheil 'cairteal an dèidh sia' cho ceart ri 'cairteal às dèidh sia' agus gu bheil 'là' cho ceart ri 'latha'.

Farpais Cheist **[** Quiz]**

A bheil fhios agad càite bheil daoine a' cleachdadh nam faclan seo? Tha iad uile a' ciallachadh an aon rud.

càil **[answer: Na Hearadh, Leòdhas]**

stuth **[answer: Ìle]**

sìon **[answer: Uibhist]****

'S dòcha gun aithnich thu faclan eile leis an aon chèill - dad? nì? heat? sgath?

5. Dè an dualchainnt a tha aig a' chloinn?

Tha nas lugha de chloinn a' tighinn a-steach gu bun-sgoil no aonad Gàidhlig a-nise le dualchainnt ionadail. Tha mòran a' tighinn a-steach gun Ghàidhlig idir.

Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cudromach airson an cànan a chumail beò agus a leudachadh. Ach dè as urrainn dhan sgoil dèanamh airson dualchainntean a' chànain a chumail beò cuideachd? Gu math tric, cha bhi an aon dualchainnt aig an tidsear agus aig a' chloinn. Bidh clann air an teagasg le diofar thidsearan le diofar dhualchainntean.

Chan urrainn do thidsearan a bhith a' teagasg dualchainnt nach eil aca. Ach 's urrainn dhut a bhith mothachail air dualchainnt. Nam biodh tu ag obair ann am Barraigh no ann an Ìle, mar eisimpleir, dh'fhaodadh tu feuchainn ri cothroman a chruthachadh gus an cluinneadh a' chlann an dualchainnt ionadail. Tha e feumail dhuinn uile, clann agus inbhich, a bhith a' tuigsinn dhualchainntean eile. Cùm do chluas ri claisneachd airson fuaimean agus faclan

na sgìre, agus ma tha dìofaran eadar do Ghàidhlig fhèin agus Gàidhlig nan sgoilearan, dh'fhaodadh tu bruidhinn mu dheidhinn seo mar phàirt de na leasan.

Tha cùisean gu math eadar-dhealaichte ann an aonadan agus sgoiltean Gàidhlig nach eil ann an coimhearsnachdan Gàidhlig, far am bi measgachadh den a h-uile seòrsa Gàidhlig aig na sgoilearan agus aig na tidsearan. Ach tha e cudromach a bhith a' brosnachadh misneachd agus a' toirt spèis do Ghàidhlig mhath de sheòrsa sam bith.

6. Dualchainntean ùra?

Mu dheireadh, a bheil dualchainntean ùra Gàidhlig ann? Ann an Èirinn, mar eisimpleir, tha mòran daoine mothachail air mar a tha am blas ionadail a tha air Beurla na cloinne ann an àiteachan mar Bhaile Àth Cliath no Beul Feirste ri chluinntinn sa Ghàidhlig aca cuideachd. A bheil 'Gàidhlig Ghlaschu' againn a-nis cuideachd? Agus ma tha, a bheil e *ceàrr*, no nàdarra? Dualchainntean a' falbh, dualchainntean a' tighinn?

Tha na beachdan, agus na ceistean, agadsa.